

Litir do Luchd-Ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*Each week the **West Highland Free Press** publishes the text for Roddy Maclean's "Letter to Gaelic Learners" on **BBC Radio nan Gaidheal (103-105 FM)**.*

*The programme is broadcast at 11.50 every Friday morning, and repeated at 7.30 pm the following Monday.**

Bidh sibh a' cuimhneachadh, thairis air a' cheala-deug a dh'fhalbh, gun tug mi dà rann-cloinne dhuibh. Tha mi a' dol a chur crìoch air an t-sreath an-diugh le rann-cunntaidh eile. Tha an tè seo gar toirt suas bho dha-dheug gu fichead. Agus mar a rinn mi an t-seachdain 's a chaidh, 's e "deug" a chanas mi an àite "deug". Seo e:

Dhà-dheug agus trì-deug
Fhuair na mèirlich fìor-leug
Nuair a bhris iad a-steach don chaisteal
Ann am baile Strìmeig

Ceithir-deug 's a còig-deug
Cheannaich Iain bò bheag
Fhuair e ìm is gruth is bàrr
Is dh'òl na cearcan tòrr mèag

Sia-deug agus seachd-deug
Dheasaich Anna breacag
Thugadh i air falbh 'on bhord
Cò ghoid i? Cha robh beachd aic'.

Ochd-deug, naoi-deug, fichead
Thall air cùl an lios ud
Fhuair eadh nead le uighean gorm
'S mòr mo dhèidh nach bris iad.

Bheir sinn sùil air cuid de na faclan anns an rann. 'S e a th'ann am *fìor-leug* rudeigin beag prìseil mar dhaoimean neo seud de sheòrsa eile. Uaireannan 's e dìreach *leug* a chì sibh agus, ann am bàrdachd, bidh e uaireannan a' ciallachadh boireannach brèagha. Ach chan eil càil a dh'fhios agam ca'il baile Strìmeig is cha d'fhuair mi lorg air air map sam bith. 'S dòcha nach eil e ann an àite sam bith, ach anns an inntinn fhèin.

Tha an darna earrann a-mach air obair a' bhainne. As deidh dha a' bhò a cheannach, fhuair Iain ìm is gruth is bàrr. 'S e a th'ann an *gruth* an stuth tiugh geal a gheibhear nuair a dh'atharraicheas bainne, neo nuair a bhinnidheas e. Tha *gruth* a' ciallachadh *curds*. 'S e a' Ghàidhlig air *curdling* – *binndeachadh*. Agus tha fhios agaibh dè tha bàrr a' ciallachadh, nach eil. An rud a thig am bàrr, a thig suas don uachdar. Ann am bainne, 's e an rud a thig am bàrr – am bàrr - neo mar a theirear ann am Beurla, *the cream*. Agus 's e facal cumanta eile ann air a shon – uachdar.

Ach dè mu dheidhinn an fhacail *mèag*? 'S e sin an stuth a th'air fhàgail nuair a chuireas tu an gruth air an darna taobh. *Whey*, mar a theirear ann am Beurla – mèag neo mèag neo meòg.

Agus dheasaich Anna *breacag*. 'S e sin cèic neo bonnach neo *pancake*. Agus an loighne mu dheireadh - 's mòr mo dhèidh nach bris iad. Tha sin a' ciallachadh gu bheil mi ag iarraidh gu mòr nach bris na h-uighean gorm' anns an nead. Canaidh mi an duan air fad a-rithist, beagan nas luaithe nan turas mu dheireadh:

Dhà-dheug agus trì-deug
Fhuair na mèirlich fìor-leug
Nuair a bhris iad a-steach don chaisteal
Ann am baile Strìmeig

Ceithir-deug 's a còig-deug
Cheannaich Iain bò bheag
Fhuair e ìm is gruth is bàrr
Is dh'òl na cearcan tòrr mèag

Sia-deug agus seachd-deug
Dheasaich Anna breacag
Thugadh i air falbh 'on bhord
Cò ghoid i? Cha robh beachd aic'.

Ochd-deug, naoi-deug, fichead
Thall air cùl an lios ud
Fhuair eadh nead le uighean gorm
'S mòr mo dhèidh nach bris iad.

Agus is mòr mo dhèidh, ma tha sibh nur pàrant, gum feuch sibh ris na rannan a thug mi dhuibh ionnsachadh is gun innis sibh do ur cuid cloinne iad nuair a tha iad aig an aois cheart. Nuair a smaoinicheas sibh air duain Bheurla mar “four and twenty blackbirds” agus an spòrs a ghabh sibh le sin nuair a bha sibh òg, nach biodh e math an aon seòrsa spòrs a bhith aig ur cloinn le Iain 's a bhò agus na mèirlich a ghoid an fhìor-leug agus a' bhreacag. Beannachd leibh.

* * *

Faclan na seachdain: mèirlich: *burglars, robbers*; fìor-leug, leug, seud: *jewel, precious stone*; cheannaich: *bought*; dheasaich: *prepared, cooked*; daoimean: *diamond*; uaireannan: *sometimes*; inntinn: *mind*; tiugh: *thick*; duan: *ditty*.

Abairtean na seachdaine: tha mi a' dol a chur crìoch air: *I am going to finish*; tha [i] gar toirt suas bho X gu Y: *it takes us up from X to Y*; an t-seachdain 's a chaidh: *last week*; nuair a bhris iad a-steach don chaisteal: *when they broke into the castle*; dh'òl na cearcan tòrr mèag: *the hens drank much whey*; thugadh e air falbh 'on bhòrd: *it was taken away from the table*; cò ghoid i?: *who stole it?*; cha robh beachd aic': *she didn't know (she didn't have an opinion)*; thall air cùl an lios ud: *over behind yonder garden*; fhuair eadhadh naid le uighean gorm: *a nest was obtained with blue eggs in it*; 's mòr mo dhèidh nach bris iad: *great is my desire that they shall not break*; chan eil càil a dh'fhios agam ca'il X: *I have no idea where X is (colloquial)*.

Puing ghràmair na seachdaine: Thairis air a' cheala-deug a dh'fhalbh: *over the past fortnight (ie the fortnight that left)*. Ceala-deug is a corruption of ceithir latha deug (14 days) and is more commonly used in speech than the equivalent dà sheachdain (2 weeks). Another equivalent form is cola-deug which appears to be a corruption of còig latha deug (15 days) although today it means the same as ceala-deug. Càit' am bi thu an ceann ceala-deug? (*where you will in a fortnight's time?*). Tha mi a' dol don Spainn airson ceala-deug anns an Òg-mhìos (*I am going to Spain for a fortnight in June*). Try and work this phrase into your next Gaelic conversation so that it sticks in your mind.

Gnàths-cainnt na seachdaine: 's e an rud a thig am bàrr...: *the thing that comes to the surface is...* Bàrr has a vast number of meanings but this is a common use of the word. It can also be used conceptually eg Thàinig e am bàrr an-raoir gu robh X ri cealg (*it became known last night, ie it came to the surface, that X was involved in deceit.*)

* "Litir do Luchd-Ionnsachaidh" is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig